

BA le Urram (GÀIDHLIG agus CEÒL TRADASEANTA)

STIÙIREADH DO THAGRAICHEAN

[\(English on page 4\)](#)

Geàrr-iomradh

'S e seo an aon phrògram fo-cheum a leigeas le luchd-ciùil tradaiseanta ceòl, eachdraidh is dualchas na Gàidhealtachd a sgrùdadh ann an co-theacsa na Gàidhlig is chuspairean co-cheangailte tro mheadhan na Gàidhlig. Am measg nan cuspairean ciùil, tha oideachadh ciùil 1:1, obair buidhne, seinn, teòirig ciùil, sgrìobhadh is suidheachadh ciùil, teagasg ciùil agus sgilean riatanach eile ann an dreuchdan ciùil, a leithid obair gnìomhachais agus clàradh is riochdachadh. Anns a' cheathramh bliadhna, faodaidh oileanaich sa chiad teirm a dhol a-null a dh'oilthigh eile.

Tha am prògram ga thabhann leis na spèisealachdan tradaiseanta a leanas, ged as urrainnear breithneachadh air feadhainn eile air iarrtas:

- Am Bogsa (bogsa piàna no bogsa phutan: cromatach no diatonach)
- An Fhidheall
- An Duiseal dhubh is An Fhideag
- Òrain Ghàidhlig
- Giotàr
- A' Phìob mhòr agus Pìoban-beaga
- Am Meur-chlàr
- A' Chlàrsach (teudan caolain agus/no uèir)

Teisteanasan Riatanach

Soirbheachas ann an 5 cuspairean eadar-dhealaichte agus 3 dhiubh aig Àrd-ìre agus soirbheachas ann an Gàidhlig, Ceòl is Beurla nam buannachd. Feumaidh tagraichean dà B agus aon C a chosnadh aig Àrd-ìre. Gabhar ri teisteanas iomchaidh eile a rèir an Stiùiriche Chùrsa.

Inntrigeadh Air Leth

Gabhar ri iarrtasan le tagraichean, ann an suidheachaidhean air leth, aig a bheil teisteanasan nach eil co-ionnann ris na teisteanasan riatanach ach a tha a' coileanadh gu soilleir nan slatan-tomhais tagraidh is iad a' cur an cèill gu bheil na comasan aca airson am prògram ionnsachaidh a choileanadh.

Pròiseas Tagraidh

Gheibh a h-uile duine a th' air tagradh a chur ron cheann-latha cuireadh a thighinn don Cholaiste airson deuchainn-chluiche anns am bi:

- deuchainn-chluiche thaisbeanaidh
- agallamh leis an luchd-sgrùdaidh airson tuigse an tagraiche air obair a chùrsa a mheas
- agallamh airson ìre Gàidhlig an tagraiche a mheas

Bidh an Stiùiriche Cùrsa air a' Phannal Dheuchainn, cho math ri neach-obrach/neach-ciùil eile agus neach-sgrùdaidh an sàs gu sònraichte airson ìre Gàidhlig an tagraiche a mheas.

An Deuchainn-chluiche Inntrigidh

Taisbeanadh

Feumaidh tagraichean prògram measgaichte mu 10 mionaidean a dh'fhaid a thaisbeanadh air an inneal-chiùil aca no le an guth.¹ Bu chòir gun seall iad an ìre aig a bheil iad an-dràsta agus na comasan a dh'fhaodadh iad ionnsachadh. Faodaidh seinneadairean taic ciùil a chumail riutha fhèin (aon no dà phìos agus 5 mionaidean aig a' char as fhaide) no taic do neach-ciùil eile. A bharrachd air a' phrògram 10 mionaidean, faodaidh tagraichean aon phìos a chluich (2 mhionaid aig a' char as fhaide) air dàrna inneal-chiùil/guth (faodaidh piobairean seata a chluich air piob bheag).

Thathar ag iarraidh air tagraichean beagan innse mu na puirt mus cluich iad iad. Tha eisimpleirean de phrògraman gu h-ìosal:

Òrain Ghàidhlig

Prògram measgaichte anns a bheil caochladh chuspairean/fhaireachdainnean agus astaran, mar eisimpleir, seata phort à beul agus òrain obrach, òrain mhòra, òrain chèilidh agus òrain nuadh.

¹ Thoir fa-near gum faod am Pannal Deuchainn-chluiche stad a chur air taisbeanadh nuair a tha iad air gu leòr a chluinntinn airson co-dhùnadh a dhèanamh.

A' Phìob-mhòr

Trì seataichean eadar-dhealaichte anns a bheil measgachadh de cheòl-beag (mar eisimpleir, caismeachdan, srath spè, ruidhlichean, fuinn shlaodach, puirt-chruinn, puirt ghrad-charach agus stoidhlichean eile; aon eisimpleir de cheòl-mòr (ùrlar agus ciad shiubhal na h-òrdaige a-mhàin).

A h-uile inneal-ciùil eile

Prògram measgaichte le taghadh an tagraiche fhèin.

Gàidhlig

Mar phàirt den phròiseas deuchainn-chluiche, feumaidh tagraichean agallamh goirid a dhèanamh airson an ìre de Ghàidhlig aca a dhearbhadh. Bidh seo a' tachairt, mar as trice, air an aon latha 's a tha an deuchainn-chluiche cuide ri neach-obrach bho thaobh a-muigh na Roinn Ciùil. Ach uaireannan tachraidh an t-agallamh air a' fòn ro no an dèidh an agallaimh.

A' Cur Iarrtas Thugainn

Feumaidh a h-uile tagraiche iarrtas a chur tro Universities and Colleges Admissions Service (UCAS). 'S e seo an t-seirbheis chlàraidh airson gach oilthigh is colaiste foghlam àrd-ìre san Rìoghachd Aonaichte -

<http://www.ucas.com/students/apply/>

Airson an tuilleadh fiosrachaidh, cuir fios gu Oifis Chlàraidh Shabhal Mòr Ostaig air 01471 888304 no post-d aig iarrtas@smo.uhi.ac.uk

BA Hons (GAELIC & TRADITIONAL MUSIC)

GUIDELINES FOR APPLICANTS

Overview

This is the only undergraduate programme that allows traditional musicians to study the music, history and traditions of the *Gaidhealtachd* within the broader contexts of Gaelic language and related studies entirely through the medium of Scottish Gaelic. Music-related topics covered include 1:1 practical tuition, groupwork, singing, music theory, composing & arranging, history of Gaelic music, music teaching and other skills vital to the music profession including business studies and recording & producing. In the final fourth year of study students may choose to study abroad in the first semester.

The Programme is offered with the following traditional performance-studies although others may be considered on application:

- Accordion (piano or button key: chromatic or diatonic)
- Fiddle
- Black Flute and Whistle
- Gaelic Song
- Guitar
- Highland Bagpipes and Bellows-blown pipes
- Keyboard
- Scottish Harp (gut and/or wire-strung)

Entrance Requirements

Passes in 5 different subjects of which 3 must be at higher grade, preferably, but not necessarily comprising Gàidhlig, Music and English. Applicants must have achieved at least 2 Bs and 1 C in their Higher grades. Other appropriate qualifications may be accepted subject to the discretion of the Programme Leader.

Non-Standard Entry

In exceptional cases, applicants may be admitted to courses whose qualifications do not match (in terms of equivalence) or fall short of the normal entrance requirements described below, but who clearly satisfy the selection procedures and indicate that they have the aptitude to pursue the proposed programme of study.

Selection Process

All those who have applied on time for admission are invited to the college to undertake an entrance audition that normally consists of:

- a performance audition
- an interview with the examiners exploring the applicant's understanding of the demands of the course
- an interview to assess the applicants' level of Gaelic

The Audition Panel will normally consist of the Programme Leader, an additional staff member/musician and an examiner engaged specifically to assess the applicant's level of Gaelic.

The Entrance Audition

Performance

Applicants must perform a varied programme of approximately 10 minutes on their chosen instrument/voice.² The programme should demonstrate the applicants' present level of achievement and musical potential. One or two items (no longer than 5 minutes in total) may include self-accompaniment (for singers) or provided accompaniment for another musician. In addition to the 10 minute programme, applicants may choose to perform 1 item (no longer than 2 minutes duration) on a second instrument/voice (for pipers this may include a set played on bellows-blown pipes).

Applicants are asked to give brief spoken introductions to each item performed. Suggested repertoire is detailed as follows:

Gaelic Song

Varied programme of contrasting themes/moods and tempi which might include, for example, a set of *puirt a beul* and songs classed 'work' songs, *òrain mòr*, *òrain cheilidh* and contemporary Gaelic songs.

² Please note that the Entrance Audition Panel may halt a performance when it has heard sufficient to form a judgment.

Highland Bagpipe

Three contrasting sets that should include a variety of *ceòl beag* (which may include, for example, marches, strathspeys, reels, slow airs, jigs, hornpipes as well as other genres; one Pìobaireachd (ground and 1st variation only).

All other Instruments

A contrasting programme featuring the applicant's own choice of tunes.

Gaelic

As part of the audition process, applicants are given a short interview in Gaelic to ascertain their level of spoken fluency. This will normally take place on the same day as the music audition with a member of staff from outside the Music Department. Occasionally however, the interview will take place over the phone either before or after the music audition.

How to Apply

All applicants for a degree course must apply through the Universities and Colleges Admissions Service (UCAS). This is the central admissions service for all universities and colleges of higher education in the UK - <http://www.ucas.com/students/apply/>

For further information, please contact the Admissions Office at Sabhal Mòr Ostaig on 01471 888304 or email at iarrtas@smo.uhi.ac.uk